



University of the
Highlands and Islands
Oilthigh na Gàidhealtachd
agus nan Eilean

Semester 2 2015/16

BA Cànan is Cultar
BA Gàidhlig agus Leasachadh
BA Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta
BA Gàidhlig agus na Meadhanan

Tioital a' Mhodail:	Gàidhlig 2
Còd a' Mhodail:	UQ508491
Ceann-là:	Dimàirt 10mh Cèitean 2016
Uair/Uine:	09.25 - 11.30 (2 hours 5 mins incl reading time)

'S fhiach an deuchainn seo 40% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhodal.

Fiosrachadh:

Chan eil leabhairchean ceadaichte san deuchainn seo idir is chan fhaodar stuth sgrìobhte sam bith a thoirt a-steach do sheòmar nan deuchainnean.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh mus tòisich an deuchainn.

Faodar **notaichean** a sgrìobhadh sna còig mionaidean seo.

A' crìochnachadh do dheuchainn:

Feumar gach ceist a fhreagairt.

Cuir an **àireamh oilleanach** agad agus an **ionad-mheasaидh** a-mhàin air beulaibh gach leabhair-freagairt.

Na cuir d' ainm air pàirt sam bith den leabhar-freagairt.

Cuir loidhne tro notaichean sam bith nach eil thu ag iarraidh a bhith air an ceartachadh.

Ceist A - Gràmar Foirmeil

1. Cruth an Uilt, an Ainmeir is a' Bhuadhair

Cuir Gàidhlig air na leanas le Sasannach (f), creag (b), boireannach (f)

- a. The young Englishman had an accident today.
- b. Doesn't the Englishman live in New York now?
- c. That Englishman's *accent is very nice.
- d. The womens' families hope to go on holiday together.
- e. The lucky woman has £5000 because she sold her car yesterday.
- f. Have you seen the **size of those big cliffs?
- g. Iain shouted to me from the bottom of the big cliff.

*dualchainnt

**meud

2. An Guth Fulangach/ Neo-phearsanta

Eadar-theangaich na leanas is tu a' cleachdadadh ghnìomhairean fulangach.

(Na cleachd structaran le *air no rach*, m.e. chaidh an sgoil a thogail....bha an sgoil air a togail.)

- a. Will the essay be written tomorrow?
- b. Was Everest climbed for the first time in 1953?
- c. Would cuts be made if the Council raised the *Council Tax?
- d. It is hoped that this summer will be drier than last year.

*Cìs Comhairle boir.

3. Gnè nam facal:

Dè a' ghnè a tha anns na faclan a leanas agus carson?

Alba, feallsanachd, gealach, tàillear, feannag, dealas

4. Òrdugh nam faclan:

Eadar-theangaich na leanas:

- a. Who will come to see the film with me?
- b. Do you want to see the film tonight or tomorrow night?
- c. We hope to see the film next week.

Ceist B - Ceartachadh teacs

Sgrìobh a-mach an earrann gu h-ìseal is tu ga ceartachadh a thaobh gràmair, litreachaidh agus pongalachaidh (sràcan agus cromagan àrda).

Nuir a' ghabhas thu banana no cupa cofaidh, am bidh thu uair sam bith a' smaoineachadh air mar a thàinig na stuthan sin thugad agus dè a' bhuaidh a dh' fhaodadh a bhith aig a sin air beatha dhaoine air taobh eile an t-saoghal?

'S ann a dùthchannan teth mar Afraga agus Ameireaga a Deas às mothà a tha rudan mar chofaidh a' tighinn. Glè tric tha bochdainn mòra anns na tirean sin. Tha aig na duine a tha an sàs ann an cur agus buain na stuthan seo ri obair air-leth cruidh, agus fiù 's le sin tha e doirbh dhaibh beòshlaint cheart a bhith aca.

Nuir a thèid prìs rudan mar chofaidh no teòclaid sìos, bidh daoine 's an dùthaich againne toilichte oir bidh na gnothaichean sin nas saor, ach faodaidh droch buaidh dha-rìribh a bhith aig an seo air na tuathanaich a tha ga 'm fàs, gan cur ann am fiachan 's dòcha no gan cur a-mach as an fhearann aca buileach glan.

'S ann airson dèiligeadh ri leithid seo a thòisich buidhnean-leasachaidh air Malairt Chothromach a chuir air chois. Tha Malairt Chothromach a' ciallachadh a bhith a' ceannach stuthan mar chòco, cofaidh agus measan dìreach fo na tuathanaich, aig prìsean reusanta, agus gan reic dhaibh ann an dùthchannan bheartach.

CEIST C - Sgrìobhadh Saor

Sgrìobh aiste air AON de na leanas:

- a. Tha am boireannach as sine ann an Alba 110 bliadhna a dh'aois. Rugadh i ann an 1906. Dè na h-atharraichean as mothà, a tha thu a' smaoineachadh, a chunnaic i na beatha?
- b. *Tha an Riaghaltas a' cosg fada cus airgid air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, air soidhnichean rathaid dà-chànanach agus air na meadhanan Gàidhlig. Tha an cànan dol a bhàsachadh co-dhiù, mar sin bu chòir an t-airgead a chosg air rudan na b' fheumaile.*

Dè an fhreagairt a bheireadh tu do chuideigin a chanadh seo riut?

- c. Thoir iomradh air leabhar/sgeulachd ghoirid a leugh thu, no air film a chunnaic thu. Mìnich carson a chòrd no nach do chòrd e/i riut.